



Sùil Sgiobalta			
Diciadain 30 Sultain		Diardaoin 1 Dàmhair	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna tràth bhliadhnachan: dòighean-obrach agus dùbhlain làitheil	Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna tràth bhliadhnachan: dòighean-obrach agus dùbhlain làitheil	Lasadh – A’ cleachdadh stuthan practaigeach air-loidhne / làrach-lìn cànan ùr	Lasadh – A’ cleachdadh stuthan practaigeach air-loidhne / làrach-lìn cànan ùr
Matamataig agus Àireamhachd aig na Tràth Ìrean	Matamataig agus Àireamhachd aig na Tràth Ìrean	Sgrìobhadh	Sgrìobhadh
A’ cur ceòl a dh’obair dhut	A’ cur ceòl a dh’obair dhut	Goireasan FMG + co-chlasaichean	Goireasan FMG + co-chlasaichean
‘Comic Life’ sa Chlas*	FMG 3-15 (Foghlam Alba)*	ASN/SLT	‘Comic Life’ sa Chlas*
A’ beachdachadh air Obair Glusaid BS7/AS1*	A’ beachdachadh air Obair Glusaid BS7/AS1*	Clicker	Àireamhachd & Matamataig 3-15*
	ASN/SLT		
	Clicker		

*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg Àrd-sgoile

1. Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna tràth bhliadhnachan: dòighean-obrach agus dùbhlain làitheil

Christine Stephen

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna tràth bhliadhnachan na phàirt cudromach san ro-innleachd gus cleachdadh a’ chànain a ghleidheadh agus a leudachadh, agus beatha dà-chànanach a thairgsinn do chlann. Ge-tà, ’s e dùbhlain a th’ ann a’ dèanamh cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig ron-sgoil agus ann am P1 a’ toirt seachad ionnsachadh de dheagh-ghnè a tha a’ coinneachadh ris na tha air a shùileachadh bhon Tràth Ìre de Churraicealam airson Sàr-mhathais. Nuair a tha a’ mhòr-chuid den chloinn a’ tighinn bho dhachaighean far an e Beurla a’ chiad chànan, tha iad an crochadh air suidheachaidhean nan tràth bhliadhnachan aca airson an fhèin-fhiosrachaidh gu lèir air Gàidhlig; ach, chan eil cus cothruim aig mòran de luchd-obrach air trèanadh ann an ionnsachadh cànan agus dòighean bogaidh.

Sa bhùth-obrach seo, togaidh sinn air fianais bho rannsachadh air fèin-fhiosrachadh làitheil cloinne ann an sgoiltean-àraich tro mheadhan na Gàidhlig gus cnuasachadh air mar a bheir dòighean-obrach a tha gan leasachadh fa-near na gnothaichean sònraichte a tha a dhìth gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh aig an Tràth Ìre. Bidh cothroman ann gus bruidhinn air eisimpleirean a chaidh fhaicinn ann an grunn

shuidheachaidhean ron-sgoil sa Ghàidhlig, agus gus beachdachadh air na dòighean anns an urrainn luchd-foghlaim taic a thoirt do chlann fhad 's a tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig agus ag ionnsachadh tarsainn air a' churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig.

2. A' cur ceòl a dh'obair dhut

Dolina Munro

Tha a' bhùth-obrach seo ag amas air stuth ciùil feumail a thoirt do luchd-frithealaidh a ghabhas cleachdadh gus taic a chur ri cuspairean coitcheann agus builean ionnsachaidh sa chlas. A' cleachdadh òrain agus gheamannan às A' Chiste-chiùil agus à Bi Sunndach agus Seinn, thèid diofar nithean ciùil a chur còmhla ann an cuspairean a tha ag amas air ìre ron-sgoil gu P7. Rannsaich diofar dòighean anns am brosnach thu àireamhachd, còrdadh-gluasaid, sgilean èisteachd agus obrachadh mar bhuidheann anns a' bhùth-obrach ghnìomhach seo.

3. Matamataig agus Àireamhachd aig na Tràth Ìrean

Anne Thirkell

Anns a' bhùth-obrach seo, gheibh thu cothrom coimhead air teagasg matamataig agus àireamhachd nan tràth ìrean. Coimheadaidh sinn air molaidhean bho Foghlam Alba agus bho rannsachadh, agus beachdaichidh sinn air na buannachdan agus na dùbhlain a tha an lùib leasachadh sgilean matamataig agus àireamhachd cloinne aig an ìre seo. Gheibh thu cothrom bruidhinn ri tidsearan eile agus cothrom beachdachadh air na stuthan a tha ri fhaighinn airson nan tràth ìrean.

4. Clicker - Teamplaidean Storyworld

Chris Mitchell, Cànan

Ionnsaich mar a chruthaicheas tu goireasan eadar-ghnìomhach do na sgoilearan agad le Clicker 6. Sa bhùth-obrach seo ionnsaichidh tu mar a chruthaicheas tu geamannan furasta, sgeulachdan eadar-ghnìomhach, deuchainnean èist agus freagairt, stòran fhaclan, agus gnìomhan dèan seantans le teamplaidean a tha furasta a chleachdadh. 'S e Chris Mitchell, an Leasaichear Ioma-mheadhan aig Cànan, Sabhal Mòr Ostaig, a bhios aig an stiùir.

5. ASN/SLT

Eàirdsidh McLullich agus Rebecca Castello

ASN - Thèid beachdachadh air trì modhan-obrach ùra a tha gan leasachadh tro dheuchainnean agus tro rannsachadh, anns an tèid ASN ann am FMG a mheasadh, agus air mar a thèid an cur gu feum anns a' chlas. Cuideachd, thèid cleachdadh nan innealan seo a cheangal ri obair ùr air cuimhne-obrach ann an ionnsachadh cànan, ri leasachaidhean a tha a' tachairt an-dràsta ann am measadh daineamaig a tha a' buntainn ris a' churraicealam airson sàr-mhathais, agus ri modailean co-obrachail a mhìnicheas feumalachdan taic a bharrachd ann an suidheachadh dà-chànanach.

SLT - Ag aithneachadh agus a' toirt taic do chlann le Feumalachdan Cainnt, Cànan agus Conaltraidh ann am FMG.

Seasaidh an seisean eadar-ghnìomhach seo uair an uaireadair agus bidh e ag amas air tidsearan a chuideachadh gus clann le SLCN ann am FMG aithneachadh agus taic a thoirt dhaibh.

Tachraidh an t-ionnsachadh tro obair ghnìomhach agus tro bhith a' co-obrachadh air fuasgladh cheistean.

Còmhla, rannsaichidh sinn:

- carson a tha cainnt, cànan agus conaltradh cudromach
- na h-ìrean agus na ceumannan diofraichte ann an sreath a' chonaltraidh
- an t-àite aig SLT agus mar as urrainn dhuinn obrachadh còmhla
- mar a dh'aithnicheas tu leanabh le SLCN ann am FMG
- ro-innleachdan sìmplidh, 'feuch a-màireach' gus leasachadh SLC a chuideachadh sa chlas agad

6. Goireasan FMG + co-chlasaichean

Donna Barden

Bùth-obrach air na goireasan cànan a bhiodh freagarrach anns na clasaichean aig àrd-ìrean sa bhun-sgoil agus stiùireadh airson obair le co-chlasaichean. Gheibhear cothrom bruidhinn air dè mar a chleachdar na goireasan agus eisimpleirean de obair a dh'fhaodar a dhèanamh leotha. Gheibhear cuideachd eisimpleirean de obair chànain a dh'fhaodar a dhèanamh le co-chlasaichean aig àrd-ìre sa bhun-sgoil.

7. Lasadh - A' cleachdadh stuthan practaigeach air-loidhne/ làrach-lìn cànan ùr

Gwen Culbertson agus Màiri NicDhòmhnaill

LASADH: Sùil air làrach-lìn ùr litreachais airson nan ìrean bun-sgoile. Cothrom cluich leis, rannsachadh air, agus ceistean a chur air Màiri is Gwen.

8. Sgrìobhadh

Sarah Fraser and Selina MacKay

Bheir a bhùth-obrach seo sùil air dòighean anns an urrainn dhut stuthan VCOP agus tagsonamaidh Bloom a chleachdadh aig a' chiad agus an dàrna ìre. Bheir Sarah agus Selina eisimpleirean seachad air mar a tha iad a' cleachdadh ionnsachadh gnìomhach gus sgrìobhadh a bhrosnachadh sna clasaichean aca fhèin.

Bùthan-obrach – Bun-sgoil & Àrd-sgoil

1. A' beachdachadh air Obair Gluasaid BS7/AS1

Catriona Currie, IRA (Cathraiche)/Kirsty Scott (BSGI)/
Ceitidh Nic a' Ghobhainn, Allt a' Mhuilinn

Anns an t-seisean seo bithear a' coimhead air Obair Gluasaid eadar bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean. Bidh eisimpleirean de Obair Gluasaid gan taisbeanadh agus gheibh sibh cothrom còmhraidh ri ur co-obraichean mun obair as a bheil sibh fhèin an sàs. Bithear a' sùileachadh eisimpleirean fhaicinn air an obair ionmholta agaibh fhèin! Bhiomaid nur comain nan toireadh sibh eisimpleirean de Obair Gluasaid leibh air pàipear no air bioran-stòrais, gus cur ris ar còmhraidh.

2. FMG 3-15

Seonag Esson, HMI, agus Maeve NicFhionghain, Foghlam Alba

Bheir an seisean seo seachad an cunntas as ùire air comhairle, treòrachadh agus pròiseactan a tha nam prìomhachasan aig Foghlam Alba gus na h-amasan ro-innleachdail aca a choileanadh. Bidh e ag amas air foghlam 3-18 agus a' gabhail a-steach nan taobhan seo de Fhoghlam Gàidhlig:

- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- Ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbh-aithne na h-Alba.

Am measg nam prìomh chuspairean a thèid a dheasbad agus a thaisbeanadh bidh:

- An cunntas as ùire air sgrùdadh: a' bhileag chomhairleachaidh ùraichte agus modailean sgrùdaidh ùra
- An cunntas as ùire air dreach ùr "How good is our school?"
- Comhairle air Foghlam Gàidhlig
- An t-àite aig Foghlam Gàidhlig ann am Modh-obrach 1+2
- A' measadh, a' sgrùdadh agus a' cumail lorg air adhartas agus coileanadh, a' cleachdadh phiosan cudromach bho chunntasan air ionnsachadh agus adhartas
- A' beachdachadh air prìomhachasan airson ghoireasan agus airson ionnsachadh proifeiseanta gus cur ri eòlasan agus buileachadh àrd-inbhe ann am Foghlam Gàidhlig. Na lùib bidh cunntas air toradh a' mhion-sgrùdaidh air ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd.

3. 'Comic Life' sa Chlas

Donna NicDhòmhnaill

'S e 'Smathsinn, le Stòrlann, an aon chomaig Gàidhlig air-loidhne air an t-saoghal! A' cleachdadh seo mar eisimpleir, thig againn air sgeulachdan èibhinn a thoirt beò còmhla ri clasaichean a' cleachdadh iPads agus a' phrògram coimpiutair 'Comic Life'. Bheir sinn sùil air mar a ghabhas na leasan seo a chleachdadh gus raon farsaing de theacsaichean a chruthachadh a' toirt a-staigh diofar mheadhanan.

4. Àireamhachd agus matamataig ann am foghlam farsaing coitcheann 3-15

Lorna Harvey, SEO an gnìomh airson Àireamhachd agus Matamataig,

Foghlam Alba

Anns an t-seisean seo bidh cothrom aig tidsearan agus luchd-stiùiridh sheòmraichean-cluiche sùil a thoirt air cho èifeachdach 's a tha curraicealam àireamhachd agus matamataig 3-15 tro Mheadhan na Gàidhlig sna suidheachaidhean acasan. Bidh amas sònraichte air cho math 's a tha an curraicealam ann a bhith ag àrdachadh buileachadh. Le bhith ag amas air 3-15 bidh e nas fhasa meòmhrachadh air leantailachd agus slighe air adhart nuair a bhios clann agus òigridh a' gluasad bho ìre gu ìre.

Bidh an còmhradh agus na taisbeanaidhean ag amas air:

- a' measadh, a' sgrùdadh agus a' cumail lorg air adhartas agus coileanadh, a' cleachdadh phìosan cudromach bho chunntasan air ionnsachadh agus adhartas
- ag ionnsachadh bho thoradh Rannsachadh air Litearrachd agus Àireamhachd ann an Alba (SSLN)
- a' toirt freagairt do thoradh SSLN agus an taic a tha ri fhaotainn
- àireamhachd thar a' churraicealaim
- a' beachdachadh air prìomhachasan airson ghoireasan agus airson ionnsachadh proifeiseanta gus cur ri eòlasan agus buileachadh àrd-inbhe ann an àireamhachd agus matamataig ann am FMG.